

31/1/23 (Coinneamh shònraichte)

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Ceit Anna NicLeòid, Màiri Kidd, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig, Lisa Annette

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Ealasaid Dhòmhnullach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)

Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair) – puingean 6 & 7

Donnie Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gníomhachais) – puingean 6 & 7

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh fàilte a chur air Iain Moireasdan, le seo a' chiad choinneamh aige sa Chathair. Chaidh cuideachd fàilte a chur air Ingrid NicEanraig chun chiad choinneamh aice mar Bhall. Thug Iain agus Ingrid seachad taing agus thuirt Iain gu robh e a' coimhead air adhart ri bhith ag obair leis a' Bhòrd agus gu faigheadh e cothrom còmhraidih orra uile ro dheireadh a' Ghearrain. Dh'innis e cuideachd bho seo a-mach gum bi na coinneamhan Bùird nas giorra, a' tachairt thar aona mhadaidh.

1. Leisgeulan

1.1 Iain Mac a' Mhaoilein.

2. Gnothach dearbhte

2.1. Nochd Màiri Kidd ùidh fo phuing 7 ri linn 's gu bheil i an sàs ann an sgrìobhadh airson an t-sreath agus dh'fhàg i a' choinneamh aig puing 7.

3. Luchd-ùidhe

3.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùire air inbhe conaltradh le prìomh luchd-ùidhe leithid coinneamhan le ministearan, sgrùdadh Chomataidh Thaghte na Pàrlamaid, BBC agus Ofcom, a' soilleireachadh a' phrìomh chonaltradh leantainneach air am bu chòir do bhuill a' bhùird a bhith mothachail.

- 3.2. Dh' innis an AO gu robh coinneamhan dùrachdach aige le Àrd-Stiùiriche a' BhBC, Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC, Stiùiriche Co-bhanntachdan a' BhBC agus ri Stiùiriche Film a' BhBC, agus gum biodh e a' coinneachadh le Stiùiriche Poileasaidh Shusbaint aig Ofcom.
- 3.3. Le ceann-là airson tagraichean gu sgrùdadadh Chomataidh Thaghte na Pàrlamaid air mion-chàin air 10/3/23, chaidh innse gu bheileas ag obair air iomairt gus freagairtean fhaighinn bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean agus chaidh fàilte a chur air an seo.
- 3.4. Chaidh faighneachd am biodh cothrom ann fianais a thoirt seachad air beulaibh na Comataidh an dèidh tagradh a chur a-steach agus chaidh innse gu bheil dùil gun tachair seo.
- 3.5. **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 3.6. **Gníomh**: thèid liosta de na BP a th' air a' Chomataidh a chuaireachadh air buill; thèid tar-sgrìobhadh (transcript) de fianais a chaidh a thoirt seachad le Ministear Lopez mu chraoladh ann an Alba a chuaireachadh air buill; thèid *briefing note* a chuaireachadh air buill a thaobh freagairtean an sgrùdaidh, freagairtean a thathas an dòchas a chuireas luchd-obrach agus buill a-steach cuideachd. ([EMD](#))

4. Trèanadh

- 4.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le molaidhean trèanaidh airson 2023.
- 4.2. **Co-dhùnadh**: cho-dhùin am Bòrd ris an trèanadh airson 2023.
- 4.3. **Gníomh**: thèid an trèanadh a chur an sàs. ([MAMI](#))

5. Fastadh & solarachadh

- 5.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le gèarr-iomradh air co-dhùnaidhean a chaidh a ghabhail a thaobh luchd-obrach ùra agus seirbheisean a dh'fheumas a cheannach a-steach.
- 5.2. Chaidh a shònrrachadh don Bhòrd nach eileas a dol a-mach gu sanas airson seirbheisean Rannsachaidh an-dràsta agus gun tèid buidheann-obrach leis a' BhBC a chruthachadh airson pròiseas solarachaидh a chumail san dàrna leth de 2023. Tha an luchd-lagh air innse gun urrain an cùmhnant a shìneadh gu laghail airson 6 mìosan.
- 5.3. Chaidh deasbad a chumail mu ròl a' phannal. Chaidh a chomharrachadh gu bheil am BBC a' rannsachadh an luchd-coimhid nàiseanta agus gu bheileas a' leasachadh modhan rannsachaidh fad na tide.
- 5.4. **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill gabhail fainear don phàipear agus deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhall, chomharrachadh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do cho-dhùnaidhean a chaidh a gabhail agus an obair a bha a-nis a' leantainn gus oifigearan ùra fhastadh agus seirbheisean a sholarachadh.

5.5. **Gníomh**: cumar deasbad mu Rannsachaidh aig coinneimh a' Bhùird sa Mhàrt 2023. (**MC**)

6. **Plana Obrachaidh 2023/24**

- 6.1. Bha Plana Obrachaidh air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Thug am Bòrd seachad aonta air a' chiad dreachd den Phlana Obrachaidh 2023/24 aig coinneamh an Dùblachd 2022.
- 6.2. Bhon uair sin chaidh innse gu bheileas:
- ag obair air buidseat £12.8m le dòchas mu £500k a bharrachd;
 - tha cuid de chosgaisean fhathast mi-chinnteach – me spòrs agus tuarastail;
 - bha am Bòrd a' moladh gum biodh "contingency" ann – tha sin fhathast a' crochadh air dè am buidseat deireannach a bhios againn;
 - tha duilleag a bharrachd ann a' sealltainn far an rachadh airgead ùr a chosg (a' gabhail a-steach contingency);
 - thèid KPIs nas sìmplidh agus nas soilleire a chur ris a' Phlana mus bi e air a chrìochnachadh sa Mhàrt, le feadhainn uaine agus eaconamach nan lùib.
- 6.3. Chan eil am Plana a' toirt ach sealladh aona bhliadhna. Bidh am Plana Corporra a' sealltainn air an t-slighe ioma-bliadhna air a bheil MG ALBA, agus bidh sin fo dheasbad sa Mhàrt.
- 6.4. Chaidh ceist a chur a thaobh na 300 obrachean ùra air an robh an Lèirsinn ag amas agus am bu chòir dhuinn sin a lùghdachadh mu choinneimh gainneid ionmhais.
- 6.5. Chaidh a chomharrachadh nach eil fios cinnteach fhathast air dè an t-airgead a bhios ann aig deireadh na Màrt 2023 ach le dà mhìos air fhàgail chun sin, thèid cùisean a shoilleireachadh. Bha aithne ann gur e rud as cudromaiche sa Phlana am beàrn maoineachaidh.
- 6.6. **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill gabhail fainear do dhreach Phlana Obrachaidh 2023-24 agus deasbad iomlan a chumail, cho-dhùin am Bòrd gu faodadh an dreachd Plana a dhol gu Ofcom le dùil gun tilleadh e, le atharrachaidhean iomchaidh, fa chomhair a' Bhùird airson aonta sa Mhàrt 2023 an cois dreachd Phlana Chorprrora3-bliadhna.
- 6.7. **Gníomh**: Plana airson aonta a' Bhùird sa Mhàrt. (**MAMI**)

7. **Comadaidh goirid (bho Riaghailt Ionmhasail C.5.2)**

- 7.1. A rèir Riaghailtean Ionmhasail C.5.2 MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird agus bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh cead airson [fios glèidhete] a chosg air coimisean airson mu 30 mionaidean de chomadaidh briste (comedy shorts) a choimiseanaidh bhon Comedy Unit airson *digital first* air diofair ùrlaran.

- 7.2. Chaidh mìneachadh iarraidh air ìrean soirbheachais OMC agus Func. Chaidh innse gu bheil OMC a' dèanamh math air *linear* le 16-44 agus ged nach eil e buileach cho soirbheachail ri Func gu bheil e a' dèanamh math air leithid Instagram.
- 7.3. Chaidh ceist a chur an robhas an dùil an gnè seo fhosgladh a-mach gu companaidhean riochdachaidh agus branndaichean eile. Chaidh innse gur e sin an t-slighe a bhathas ag iarraidh ach an-dràsta, ann an gnè comadaidh didseatach, gu robhas a' togail air tàlant is na branndaichean a chaidh a leasachadh bho chionn ghoirid.
- 7.4. Bha aithne ann gu bheil beachd ann gum bu chòir do *digital first* a bhith nas saora na stuthan telebhisean, ach chan eil sin an còmhnaidh fior mu thathas ag iarraidh ìrean àrda ann an gnèithean comadaidh agus dràma.
- 7.5. Bha aithne ann gu bheil *digital first* a' fàs àbhaisteach airson ginealach.
- 7.6. Chaidh ceist a chur a thaobh margaidheachd airson *digital first* agus am bithear a' dèanamh sanasan cuimsichte (*targeted adverts*) ag amas air daoine 16-44. Chaidh innse gu bheileas air tòiseachadh a' coimhead ri seo airson prògraman eile agus gum bi iomairt mu thimcheall seo.
- 7.7. Chaidh a chomharrachadh gum bithear a' brosnachadh sgriobhadh tro phròiseactan leithid Young Films Foundation agus mentorship le buidhnean leis a bheileas ag obair.
- 7.8. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh deasbaid thug am Bòrd ùghdarris seachad, fo Riaghait Ionmhasail C.5.2.

8. **GISBE**

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba margaidheachd airson Dùthchas.

9. **Deit na h-ath choinneimh**

9/3/23, Glaschu

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: